

# Comhairle Siorrachd Àir a Deas

## Plana Gàidhlig 2026-2031

### Eàrr-ràdh 1



## Eàrr-ràdh 1

# Aithisg air Co-chomhairleachadh Poblach air Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir a Deas:

Ann an 2005, chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba. Fon reachdas seo, dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig, a' bhuidheann nàiseanta a tha an urra ri brosnachadh agus taic don Ghàidhlig, riatanas reachdail gum feum a h-uile buidheann phoblach ann an Alba Plana Gàidhlig ullachadh.

Mar fhreagairt, tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas air Plana Gàidhlig a chruthachadh, a' còmhachadh nam bliadhnaichean 2025 gu 2030.

Gus fosgarrachd agus com-pàirteachadh coimhearsnachd a bhrosnachadh, tha planaichean is poileasaidhean ùra sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air muinntir Siorrachd Àir a Deas gan cur a-mach gu co-chomhairleachadh. Tha am pròiseas seo a' leigeil leis a' Chomhairle a bhith a' tional bharailean agus a' toirt fa-near beachdan coimhearsnachd mus tèid ceum sam bith a chur an gnìomh.

## Foir-shealladh air a' Cho-chomhairleachadh

B' e am prìomh mhodh-obrach ceisteachan air-loidhne, a ghabhadh ruigsinn tro làrach-lìn Comhairle Siorrachd Àir a Deas. Bha e fosgailte don phoball bho 18 Lùnastal 2025 gu 12 Sultain 2025.

Gus com-pàirteachadh nas fharsaing a bhrosnachadh, chaidh an co-chomhairleachadh a mholadh don phoball agus do phrìomh luchd-ùidhe tro na seanailean a leanas:

- Ùrlaran nam meadhanan sòisealta oifigeil aig Comhairle Siorrachd Àir a Deas
- Buidheann Com-pàirteachaidh agus Conaltraidh airson Planadh Coimhearsnachd
- Buidheann Gàidhlig Phreastabhaig
- Cunntas as ùr air Foghlam, a chaidh a riarachadh don h-uile sgoil
- Clann Gàidhlig, buidheann a tha rùnaichte air cànan is cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an taobh an Iar na h-Alba
- Conaltradh taobh a-staigh do luchd-obrach tro Viva Engage
- Buidhnean Planadh Àrainne Slàinte agus Cùraim Shòisealta

A bharrachd air sin, chuireadh suas postairean sa h-uile leabharlann phoblach le còd QR orra ceangailte ris a' cheisteachan. Thugadh ceisteachain phàipeir do dhaoine lem b' fheàrr a bhith a' lìonadh 's a' tilleadh thugainn lethbhreac cruaidh.

Chaidh seisean-breithneachaidh sònraichte a chumail air 30 Lùnastal 2025 còmhla ri Buidheann Gàidhlig Phreastabhaig. Rè an t-seisein seo, rinn com-pàirtichean deasbad farsaing mu shuidheachadh na Gàidhlig an-dràsta agus san àm ri teachd ann an Siorrachd Àir a Deas, 's iad a' tabhann molaidhean airson Plana na Gàidhlig adhartachadh (faic duilleag 9).

A thuilleadh air sin, choinnich oifigearan na Comhairle ri riochdairean bhon taigh-dhealbh Broadway ann am Preastabhaig, a bha gu mòr airson Gàidhlig a ghabhail a-steach san ionad aca. Tha taic ga cumail ris an iomairt seo le Bòrd na Gàidhlig.

## Toraidhean a' cho-chomhairleachaidh

### Deamografachd nan daoine a lion am foirm:

Ghabh 190 neach compàirt san t-suirbhidh air-loidhne. Cha do dh'innis ach 184 luchd-freagairt dhuinn mu an gnè. Den luchd-freagairt sin, thuirt 123 gun robh iad boireann, 49 gun robh iad fireann, agus roghnaich 12 gun an gnè a leigeil fhaicinn dhuinn.

Mar an ceudna, cha do dh'innis ach 188 luchd-freagairt dhuinn mu an aois. B' e aois an fheadhainn a chrìochnaich an t-suirbhidh mar a leanas:

16-25	5
25-34	16
35-44	50
45-54	33
55-64	32
65-74	30
75 agus nas sine	11
B' fheàrr leam gun a bhith ag ràdh	11

## Ceistean a thaobh cleachdadh na Gàidhlig

- De na daoine a chrìochnaich an ceisteachan, bha fios aig 32% (61) gun robh Plana Gàidhlig aig Comhairle Siorrachd Àir a Deas, agus cha robh fios aig 68% (128) ma dheidhinn; roghnaich aon neach-freagairt gun a' cheist seo a fhreagairt.
- Cha robh 59% (111) den luchd-freagairt nan luchd-bruidhinn no nan luchd-ionnsachaidh Gàidhlig; bha 16% (30) ag iarraidh a h-ionnsachadh; thuirt 14% (26) gun robh iad a' tòiseachadh air a h-ionnsachadh; bha 10% (18) nan luchd-ionnsachaidh eadar-mheadhanach; agus bha 2% (4) nam fileantaich; agus roghnaich aon neach-freagairt gun a' cheist seo a fhreagairt.
- Cha robh a' mhòr-chuid (168) a' cleachdadh Gàidhlig nam beatha làitheil, le 21 ag ràdh gun robh; roghnaich aon neach-freagairt gun a' cheist seo a fhreagairt.
- A thaobh an 21 luchd-freagairt sin, bha 52% (11) ga cleachdadh gach latha, bha 19% (4) ga cleachdadh gach seachdain, thuirt 19% (4) gun robh e a rèir an t-suidheachaidh san robh iad agus cha robh 10% (2) ga cleachdadh aig an taigh.
- A thaobh an 21 neach a bha a' cleachdadh Gàidhlig nam beatha làitheil, bha 1 neach ga cleachdadh gach latha aig an obair aca, bha 3 dhaoine ga cleachdadh gach seachdain, bha aon ga cleachdadh gach mìos, bha 3 ga cleachdadh a rèir an t-suidheachaidh agus bha 12 ann nach robh ga cleachdadh aig an obair.
- Ann am foghlam, bha dithis (2) a' cleachdadh Gàidhlig gach latha, bha ochdnar (8) ga cleachdadh gach seachdain, bha triùir (3) ga cleachdadh a rèir an t-suidheachaidh agus bha ochdnar (8) nach robh ga cleachdadh ann an suidheachadh foghlaim.
- Bha 11 den luchd-freagairt a' cleachdadh Gàidhlig ann an cuid a shuidheachaidean, bha 1 ga cleachdadh gach mìos, bha 4 ga cleachdadh gach seachdain agus bha 2 ga cleachdadh gach latha.
- Den luchd-bruidhinn Gàidhlig, thuirt 14 gun robh iad a' cleachdadh a' chànan air saor-làithean, agus b' e cuid de na h-adhbharan:
  - A rèir càit an robh iad air saor-làithean, sin ri ràdh air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan
  - A chionn 's gu bheil i na pàirt de cò th' annam
  - Gus an cuid sgilean a chleachdadh agus a leasachadh
  - Gus a cleachdadh nuair as urrainn dhomh, i.e. aig na bùithtean no ann an co-theacsa sòisealta
  - Tha mi a' feuchainn ri còmhraidh a dhèanamh ri luchd-bruidhinn
  - Tha iad airson an cànan a chleachdadh
  - Airson adhbharan cultarach



## Cleachdadh nas fharsainghe na Gàidhlig ann an Coimhearsnachdan Ionadail


**Fhreagair 181 a' cheist càit an robh daoine a' faicinn/a' cluinntinn na Gàidhlig ga bruidhinn sa choimhearsnachd. Den 179, thuirt 31% (56) nach robh iad air a cluinntinn no faicinn. Den luchd-freagairt a chuala/chunnaic Gàidhlig ga cleachdadh:**

- Thuirt 34% (62) gum faca iad ga cleachdadh air soidhnichean no air carbadan na roinne poblaich leithid Ambalans no càraichean Poilis no air litrichean bhon Chomhairle;
- Bha 9% (17) air a cluinntinn no air a faicinn ann an sgìre ùghdarras ionadail eile, mar eisimpleir air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan Siar;
- Bha 6% (11) air cleachdadh na Gàidhlig a chluinntinn no air fhaicinn air telebhisean, leithid air BBC Alba, air an rèidio no air meadhanan eile;
- Bha 8% (16) air cleachdadh na Gàidhlig a chluinntinn no air fhaicinn aig Comainn no Buidhnean Gàidhlig (a' gabhail a-steach buidheann cloinne);
- Thuirt 1 neach gun robh iad air a cluinntinn is a faicinn sa h-uile àite;
- Bha 5% (9) ga cleachdadh san dachaigh no còmhla ri buill teaghlach;
- Bha 2% (4) mothachail gun robh Gàidhlig ga cleachdadh anns an sgoil, le clann aon neach-freagairt a' dol gu suidheachadh Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig;
- Bha 1% (2) mothachail air Gàidhlig san àite-obrach aca;
- Bha 3% (6) air Gàidhlig a chluinntinn ga cleachdadh le daoine eile no luchd-ionnsachaidh;
- Bha 3% (6) mothachail air Gàidhlig ga cleachdadh aig Tachartasan no Ionadan Ciùil.

**Fhreagair 178 daoine a' cheist dè na seirbheisean no gnìomhachdan Gàidhlig a tha thu a' cleachdadh no a' gabhail pàirt anna.**

**Den 177, thuirt 61% (108) nach robh iad a' cleachdadh gin; den fheadhainn eile a fhreagair:**

- bha 19 daoine a' cleachdadh chùrsaichean air-loidhne
- bha 14 a' frithealadh Buidhnean Gàidhlig
- bha 1 na bhall de bhuidheann nàiseanta
- bha 11 a' gabhail pàirt ann am Foghlam Gàidhlig
- bha 2 a' frithealadh Tachartasan Gàidhlig
- bha 2 a' frithealadh cròileagain Ghàidhlig
- bha 3 a' faighinn cothrom air Gàidhlig tro thelebhisean no rèidio
- bha 1 ga cleachdadh ann an soidhneadh a' phuist-dealain aca airson obair
- bha 1 ag èisteachd ri Ceòl Gàidhlig



thuirt sianar (6) gum biodh ùidh aca ann a bhith a' dol gu clasaichean foghlaim Ghàidhlig san sgìre aca

**Nuair a chaidh a' cheist a chur orra dè cho cudromach 's a bha e a bhith a' brosnachadh agus a' glèidheadh na Gàidhlig san sgìre aca, fhreagair 185 daoine mar a leanas:**

Anabarrach cudromach	68 (36%)
Caran cudromach	21 (11%)
Gun bheachd	10 (5%)
Caran neo-chudromach	7 (4%)
Anabarrach neo-chudromach	81 (43%)

**Nuair a chaidh iarraidh orra innse dhuinn mu lomairtean Gàidhlig, tachartasan no goireasan sam bith air an robh iad mothachail san sgìre, thuir 63 den 155 luchd-freagairt nach robh iad mothachail air gin. An lùib nam freagairtean eile bha:**

- Eòlas air cruinneachadh Buidheann Gàidhlig Phreastabhaig san leabharlann
- Bagaichean/leabhraichean Bookbug rim faotainn sa Ghàidhlig le iarrtas
- Soidhnichean
- Leabhraichean ann an leabharlannan
- Lomairtean air am maoinneachadh le Alba Chruthachail agus le Riaghaltas na h-Alba
- Fòram na Gàidhlig ann an Siorrachd Àir an Ear
- Còisir sgoile Ghàidhlig le Orcastra Fìdheall Siorrachd Àir
- Tachartasan Gàidhlig ann an Cutty Sark agus aig fèisean ionadail eile
- Gàidhlig ann am Bun-sgoiltean
- Iomagain mu mar a rachadh a teagasg ann an sgoiltean, gu h-àraidh airson clann air a bheil dyslexia

Shònraich 5 luchd-freagairt nach robh iad den bheachd gum b' fhiach e Gàidhlig a bhrosnachadh ann an Siorrachd Àir a Deas.

**Fhreagair 105 daoine a' cheist air dè an taic Ghàidhlig a b' fheumaile dhutsa no dod choimhearsnachd. Bha na toraidhean mar a leanas:**

Clasaichean airson Inbhich	84
Gàidhlig ann an Sgoiltean	86
Soidhnichean dà-chànanach	40
Tachartasan / Ealain sa Ghàidhlig	46
Susbaint Dhidseatach/ Mheadhanan	49

**Nuair a chaidh fhaighneachd dhaibh an robh molaidhean eile aca a thaobh dè bhiodh feumail, fhreagair 30 neach gun robh iad den bheachd nach bu chòir, san àrainneachd ionmhasail seo, Gàidhlig a bhrosnachadh, agus bu chòir an t-airgead sin a chur gu adhbharan eile.**

**An lùib nam molaidhean eile a chaidh a dhèanamh bha:**

- Leasanan Gàidhlig an dà chuid aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne do dh'inbhich agus clann
- Taic do luchd-bruidhinn aig a bheil Gàidhlig bhon ghlùn
- Farpais sgrìobhaidh Ghàidhlig
- Brosnachadh eachdraidh na Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas
- Ga teagasg ann an sgoiltean-àraich
- Abairt Ghàidhlig na seachdaine a bhith air seanailean nam meadhanan sòisealta
- Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba a bhith ga dèanamh riatanach ann an sgoiltean
- Brosnachadh nan cothroman air Gàidhlig a bhruidhinn



**Fhreagair 151 neach le bhith ag innse dhuinn dè na prìomh chnapan-starra gu ionnsachadh no cleachdadh Gàidhlig san sgìre aca. B' iad na prìomh chuspairean a thàinig troimhe mar a leanas:**

- Dìth làthaireachd Gàidhlig sa choimhearsnachd
- Gun mòran Cothroman Ionnsachaidh
- Gainnead luchd-bruidhinn agus chothroman cleachdaidh
- Mì-rùn mòr nan Gall

**Dh'innis 67 luchd-freagairt dhuinn nach biodh sìon gam brosnachadh gus Gàidhlig ionnsachadh, san fharsaingeachd ri linn cion ùidh no nach robh iad a' faicinn mar a bhuineadh i dam beatha làitheil. Den 94 luchd-freagairt a rinn molaidhean a thaobh dè bhiodh gam brosnachadh gus Gàidhlig ionnsachadh, bha na cuspairean a leanas soilleir:**

- Cothrom nas fheàrr air Ionnsachadh Gàidhlig
- Taic siostam an fhoghlaim
- Com-pàirteachadh agus Brosnachadh sa Choimhearsnachd
- Barrachd ghoireasan

**Dh'innis 71 luchd-freagairt dhuinn nach robh moladh sam bith aca airson phrògraman no iomairtean Gàidhlig sònraichte. Den 54 a fhreagair, bha am freagairtean a' gabhail a-steach:**

- Cothroman ionnsachadh na Gàidhlig
- Gàidhlig ga amaladh a-steach do ghnìomhachdan coimhearsnachd
- Tachartasan cultair agus comharrachadh a' chànain
- Taic san àite-obrach do dhaoine le sgilean Gàidhlig airson beachdachadh air iomairtean
- Faicsinneachd is Brosnachadh

Den 134 a thuirt cò na h-àitichean sam biodh làthaireachd Gàidhlig na b' fheumaile, dh'innis 56 dhuinn nach robh àite sam bith ann far am biodh seo fìor, le 8 ag ràdh nach robh iad den bheachd gun dèanadh seo deagh fheum de ghòireasan. De na freagairtean eile, b' iad na h-àitichean feumail sa mhòr-chuid sgoiltean, leabharlannan agus ionadan coimhearsnachd, ach a bharrachd air sin dh'ainmich cuid gum biodh e math nan robh i ri faotainn aig tachartasan mòra leithid Fèill an Adhair, air conaltradh taobh a-staigh na comhairle agus ann an ionadan Thràth-bhliadhnaichean.

## Plana Gàidhlig 2025-2030

**Nuair a chaidh iarraidh orra beachd a thoirt air na 4 prìomh rùintean ann am Plana Gàidhlig Siorrachd Àir a Deas, fhreagair 118 daoine. Bha 30% (36) a' faireachdainn gu làidir gum biodh cur an gnìomh a' Phlana mar chleachdadh neo-èifeachdach mhaoinean, agus cha robh beachd aig 20% (24). A thaobh nam beachdan a thugadh seachad, 's iad na prìomh phuingeann:**

- Chan e cainnt a-mhàin a th' anns a' Ghàidhlig – tha i na pàirt de ar fèin-aithne is sunnd, agus tha luach eaconamach is cultarach nas fharsainge aice.
- Ma tha deagh rùn aig an riaghaltas, bu chòir dhaibh airgead a chur ann am foghlam, seach oidhirpean faoin.
- Tha a' Ghàidhlig a' faireachdainn anabharrach – chan eil ach corra dhuine ga bruidhinn agus nas lugha ga h-iarraidh.
- Tha luach ann an Gàidhlig, ach chan eilear ga brosnachadh mòran. Dh'fhaodadh oifigear Gàidhlig sònraichte agus solar FMG gu h-ionadail a bhith a' cuideachadh le fàs na Gàidhlig san ùine fhada.
- Strì an aghaidh beachdan mì-fhàbharach le bhith a' moladh nam buannachdan dà-chànanach.
- Tha feum air taic leantainneach – thugadh teipichean Gàidhlig dhomh uair gun eadar-theangachadh agus gun chobhair.
- Tha na prìomh rùintean math, ach tha e deatamach gun cuirear spionnadh ann an àireamhan luchd-ionnsachaidh.
- Bu chòir do ionnsachadh Gàidhlig a bhith roghainneil agus air a phàigheadh leothasan aig a bheil ùidh ann.
- Ro chosgail – feumaidh sgiobachd agus lìbhrigeadh tòrr mòr stòrasan.
- Cosgais a bharrachd don chomhairle – ma thathar ga bhrosnachadh, dh'fheumadh Gàidhlig taic-airgid airson oideachadh agus ùine luchd-obrach.
- Tha a' Ghàidhlig ceangailte gu teann ri fèin-aithne, gu h-àraidh don chloinn. Dh'fhaodadh e a bhith aonaranach a bhith a' togail clann le Gàidhlig. Tha buaidh fhaireachail aice a tha fìor agus iom-fhillte.

- Dh'fhaodadh ceuman beaga, leithid fàilte dhà-chànanach bho luchd-obrach, a bhith a' cuideachadh gus Gàidhlig àbhaisteachadh, coltach ri bhith ag ràdh "Hello, Bonjour" ann an Canada.
- Chan eil buaidh mhòr aig na h-ìomairtean seo – bu chòir fòcas a ghluasad gu prìomhachasan nas brìghmhoire airson Siorrachd Àir a Deas.
- Dh'fhaodte seann-daoine buannachd fhaighinn à clasaichean Gàidhlig gus an inntinnean a chumail beothail agus dàimhean sòisealta a ghlèidheadh.

Nuair a chaidh fhaighneachd de luchd-freagairt an robh beachdan a bharrachd aca, dh'ath-aithris a' mhòr-chuid le freagairtean a thugadh seachad sa chòrr den cheisteachan, agus thuirt mòran gun robh iad den bheachd nach bu chòir dam plana a bhith na phrìomhachas os cionn sheirbheisean comhairle eile. A thaobh nam freagairtean eile, bha mòran ag iarraidh gun rachadh an cànan a bhrosnachadh san sgìre tro thachartasan agus foghlam a bha ruigsinneach aig a h-uile ìre beatha.

<b>Co-chomhairleachadh air Plana Gàidhlig</b>	<b>Buidheann-breithneachaidh – Buidheann Gàidhlig Phreastabhaig</b>
<b>30mh Lùnastal 2025</b>	<b>Bha 9 bhall den Bhuidheann Ghàidhlig an làthair</b>
<p>Bhathar a' beachdachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas agus mar tha grunn luchd-bruidhinn na Gàidhlig ann air feadh na sgìre, le aon bhall den bhuidhinn a thàinig à Inbhir Gharbhain.</p> <p>Priomh phuingeann còmhraidh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• A bharrachd air a' bhuidhinn seo agus lìonraidhean neo-fhoirmeil, chan eil cothroman ann airson Gàidhlig a bhruidhinn no ionnsachadh ann an Siorrachd Àir a Deas.</li> <li>• Chan eil roghainnean ann gu h-ionadail airson ionnsachadh inbhich; feumaidh aon bhall siubhal gu Colaiste na Sròine Reamhair. Mhol a' bhuidheann gum bu chòir do Thriving Communities pileat a dhèanamh de chlasaichean luchd-tòiseachaidh.</li> <li>• Dh'fhaodte gum biodh ùidh aig pàrantan aig a bheil clann aig aois sgoil-àraich ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig; dh'fhaodadh buidheann a thabhann gus meud an iarrtais a thomhas.</li> <li>• Tha dìth leabhraichean Gàidhlig os cionn ìre luchd-tòiseachaidh ann an leabharlannan.</li> <li>• Tha a' bhuidheann ag iarraidh gum bithear a' brosnachadh na Gàidhlig mar a tha Scots ga brosnachadh, ri linn nam freumhan eachdraidheil aice san sgìre.</li> <li>• Thathar ag iarraidh ionad foghlaim Ghàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas, coltach riuthasan a gheibhear ann an Siorrachd Àir an Ear agus Siorrachd Àir a Tuath.</li> <li>• Bu chòir don Chomhairle beachdachadh as ùr air na thathar a' cosg air Gàidhlig, seach air soidhnichean a-mhàin.</li> <li>• Tha barrachd taic-airgid riatanach ann an goireasan teagaisg Gàidhlig airson sgoiltean.</li> <li>• Dh'iarr a' bhuidheann soilleireachadh a thaobh dè an trèanadh Gàidhlig a tha ri fhaotainn airson tidsearan.</li> <li>• Thathar a' meas ionnsachadh na Gàidhlig mar nì buannachdail airson an eanchainn a chumail beothail nas fhaide air adhart nad bheatha.</li> <li>• Tha foghlam adhartach sa Ghàidhlig ann ach chan eil gu h-ionadail; 's e Colaiste Kelvin ann an Glaschu an t-ionad as fhaighe.</li> <li>• Dh'fhaighnich a' bhuidheann am biodh maoinachadh airson còmh-dhail a' cuideachadh luchd-còmhnaidh a bhith a' faighinn cothrom air ionnsachadh taobh a-muigh na sgìre, oir tha cosgaisean nan cnap-starra.</li> <li>• Mhol iad gum bu chòir rannsachadh ionadail a dhèanamh air ùidh ann an ionnsachadh Gàidhlig, ma dh'fhaodte ann an com-pàirteachas le Oilthigh Ghlaschu.</li> <li>• Thugadh fa-near gun robh mòran a' cleachdadh aplacaidean leithid Duolingo, ach airson fìor adhartas tha feum air cothroman a bhith ga cleachdadh ann an còmhradh.</li> </ul>	
Com-pàirteachadh coimhearsnachd leis an Oifigear Poileasaidh.	